



Teisteanais
Nàiseanta
2016

X772/75/11

Eachdraidh

DIHAOINE, 20 CÈITEAN

1:00 F – 2:45 F

Comharran gu lèir — 60

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 20 comharra

Feuch AON phàirt.

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 20 comharra

Feuch AON phàirt.

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Feuch AON phàirt.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 7 2 7 5 1 1 *

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA

PÀIRTEAN

- B. Màiri Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-leasachadh ann an Alba, 1542-1587 **Duilleag 04**
- E. Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1900-1928 **Duilleag 05**

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN

PÀIRTEAN

- C. Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770-1807 **Duilleag 06**

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

PÀIRTEAN

- C. Na Stàitean Aonaichte, 1850-1880 **Duilleag 08**
- D. Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939 **Duilleag 09**
- E. A' Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921 **Duilleag 10**

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 20 comharra

Pàirt B — Màiri Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-leasachadh ann an Alba, 1542–1587

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

4. Mìnich na h-adhbharan airson gun do dh'fhàs an creideamh Pròstanach ann an Alba suas gu 1560. 6
5. Dè an ìre chun an robh pòsadh Màiri agus Darnley na phàirt dhen leagadh aice ann an 1567? 8
(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bh' aig factaran eadar-dhealaichte agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr A** à litir a sgrìobh Màiri Banrigh na h-Alba gu Anthony Babington ann an 1586.

Stòr A

Nuair a bhios a h-uile sìon deiseil anns an dùthaich seo agus thall thairis, feumaidh tu an sianar fhireannach a chur a dh'obair. Thoir òrdain dhaibh gum feum iad mise a thoirt air falbh às an seo nuair a bhios an gnìomh dèante. Aig an aon àm cuir na feachdan gu lèir agad ann an òrdugh blàir airson mo dhìon fhad 's a bhios sinn a' feitheamh ri cuideachadh bho thall thairis. Gun toireadh Dia soirbheachadh air na planaichean againn.

6. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais airson nan adhbharan gun deach Màiri Banrigh na h-Alba a chur gu bàs ann an 1587. 6
(’S dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air Duilleag 06]

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 20 comharra

Pàirt E — Linn a’ Chiad Chogaidh Mhòir, 1900–1928

Freagair na ceistean a leanas a’ cleachdadh d’ fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

13. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh uiread de Albannaich airson sabaid den saor-thoil anns a’ Chogaidh Mhòr. 6
14. Dè an ìre chun an robh a’ bhuidhe a bu mhotha aig gainnead bìdh air sìobhaltaich na h-Alba aig àm a’ Chogaidh Mhòir? 8
(Feumaidh tu d’ fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a’ bhuidhe a bh’ aig factaran eadar-dhealaichte agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr A** às an leabhar “*Scotland and the Impact of the Great War 1914–1918*” a sgrìobh an neach-eachdraidh John Kerr ann an 2010.

Stòr A

Thug Achd Riochdachaidh an t-Sluaigh 1918 a’ chòir do chuid de boireannaich a bha na bu shine na 30 bhòtadh ann an taghaidhean nàiseanta. Dh’fheumadh taigh a bhith aca, no a bhith pòsta aig fear aig an robh taigh, no a bhith ann an taigh le màl £5, no a bhith air ceumnachadh à oilthigh ann am Breatainn. Chaidh àireamh an luchd-bhòtaidh suas gu mu 21 millean, agus bha 8.4 millean nam boireannaich. Ro dheireadh nan 1920an fhuair boireannaich a bha na bu shine na 21 a’ bhòt.

15. Dèan measadh air dè cho feumail ’s a tha Stòr A mar fhianais airson nan adhbharan airson a’ chòir bhòtaidh a leudachadh ann an 1918. 6
(’S dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air dè an seòrsa stòir a th’ ann, cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

[A-nis theirig gu ROINN 2 a’ tòiseachadh air Duilleag 06]

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 20 comharra

Pàirt C — Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** mun t-suidheachadh anns na bàtaichean air an Turas Mheadhain.

Stòr A

Bhiodh bàtaichean thràillean air malairt an triantain a' falbh à puirt ann am Breatainn. Nuair a bha na bàtaichean a' ruigheachd Afraga, bhiodh an caiptean a' faighinn ghunnachan no deoch-làidir an àite nan tràillean. Glè thric bha tràillean air am pacaigeadh gu teann gu h-ìosal sa bhàta air an turas thar an Atlantaig. B' e an Turas Meadhain a bh' air an seo. Bha an suidheachadh gu h-ìosal sa bhàta graineil, agus cha robh cothrom aig na tràillean air slàintealachd sam bith. Bha galaran cumanta agus bhàsaich mòran le tinneasan mar a' bhuinneach. Bha tràillean a' faighinn gu leòr bìdh airson an cumail a' dol air an turas. Ach cha robh iad eòlach air a' bhiadh agus bha mòran dhiubh a' diùltadh ithe.

24. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air an t-suidheachadh anns na bàtaichean air an Turas Mheadhain? (Cleachd **Stòr A** agus d' fhiosrachadh fhèin.) 6
25. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh malairt nan tràillean cudromach do mhòr-bhailtean ann am Breatainn. 5

Tha **Stòran B** agus **C** mu bhith a' dol an aghaidh an t-suidheachaidh air na tuathanasan planntachais.

Stòr B

Bu lugha le tràillean mar a bhathar a' dèiligeadh riutha. Cha robh iad air am pàigheadh airson obair, agus cha robh iad a' faicinn adhbhar airson obrachadh cruaidh. Bhiodh iad a' dèanamh milleadh air an luchd-seilbh le bhith ag obair gu mall agus ann an dòigh nach robh èifeachdach. Bhiodh iad a' briseadh innealan agus a' leigeil bheathaichean mu sgaoil. Bha iad air am peanasachadh gu cruaidh airson dol-às mar siud. A bharrachd air a bhith air an cuipeadh, chaidh an cluasan, an sròinean agus casan no làmhnan a ghearradh far cuid de thràillean. Dh'fheuch iomadh tràill ri teicheadh. Ann an eileanan air an robh beanntan, mar lameuga, bhiodh iad a' teicheadh dha na beanntan.

Stòr C

Bha na planntachasan sna h-Innseachan an lar an urra ris na tràillean airson an obair a dhèanamh. Ged a bha barrachd thràillean ann na bh' ann de dhaoine geala, bha iad fhathast a' faireachdainn aonaranach agus gun chumhachd. Ach sheas iad an aghaidh an t-suidheachaidh aca ann an iomadh dòigh. B' e an dòigh a bu shìmplidhe an obair a dhèanamh gu mall no gu dona. Bhiodh tràillean eile a bha a' ruith air falbh nuair a gheibheadh iad an cothrom. Bha tràillean a bha a' dol an aghaidh an t-suidheachaidh air am peanasachadh gu cruaidh. Tha clàran nam planntachasan a' sealltainn gun robh crochadh, lotadh agus sràcadh cumanta.

26. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran B** agus **C** mu bhith a' dol an aghaidh an t-suidheachaidh air na tuathanasan planntachais (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.) 4
27. Thoir cunntas air na dòighean a bha daoine a bha an aghaidh tràillealachd a' cleachdadh airson feuchainn ri stad a chur air malairt nan tràillean. 5

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air Duilleag 08]

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Pàirt C — Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

44. Thoir cunntas air na duilgheadasan a bha aig na diofar bhuidhnean a shiubhail dhan iar an dèidh 1850. 5
45. Mìnich na h-adhbharan airson gun do dh'fhàg na Stàitean a Deas an t-Aonadh ann an 1861. 5

Tha **Stòr A** à litir a sgrìobh George Fitzhugh, fear-lagha on Deas, ann an 1857.

Stòr A

'S e na tràillean sa cheann a Deas an fheadhainn as toilichte, agus ann an iomadh dòigh, na daoine as motha aig a bheil de shaorsa air an t-saoghal. Cha bhi clann no seann daoine no daoine tinn ag obair idir. Tha gach cofhurtachd agus a h-uile sìon a tha a dhìth orra air a thoirt dhaibh leithid biadh agus taighean. Cha bhi na boireannaich a' dèanamh mòran obair chruaidh idir. Cha bhi na fir no na balaich ag obair barrachd air naoi uairean san latha, gu cuibheasach, nuair a tha an t-sìde math.

46. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air beatha nan tràillean air na planntachasan ro 1861. 5
- (’S dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air dè an seòrsa stòir a th’ ann, cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha **Stòr B** à òraid a rinn Frederick Douglass, a chleachd a bhith na thràill, ann an 1880.

Stòr B

Chaidh tràillean a shaoradh ann an 1865. An toiseach bha dòchas mòr ann gun tigeadh atharrachadh. Ach an-diugh, sa mhòr-chuid de na Stàitean a Deas, cha mhòr gu bheil duine a' cumail ris a' Cheithir-deugamh no ris a' Chòig-deugamh Atharrachadh den Bhun-reachd. Cha mhòr nach e cùis-mhagaidh a tha sa chòir air saoranachd a tha an Ceithir-deugamh Atharrachadh a' gealltainn. Tha a' chòir-bhòtaidh a tha sa Chòig-deugamh Atharrachadh fo ionnsaigh. Tha a' bhuaidh aig an t-seann chlas-riaghlaidh an-diugh, agus chan eil na tràillean a chaidh a shaoradh mòran nas fheàrr na bha iad ro ar-a-mach nan Stàitean a Deas an aghaidh an Aonaidh.

47. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air buaidh Ath-thogail aig Deas an dèidh 1865? (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.) 5

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Pàirt D — Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

48. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh na Gearmailtich an aghaidh Cùmhnant Versailles. 5
49. Thoir cunntas air mar a bhathar a' dèiligeadh ris na h-lùdhaich sa Ghearmailt Nadsaidhich. 5

Stòr A à leabhar-latha Ernst Thalmann, ceannard comannach a bha a' sgrìobhadh mu na Gestapo ga chur an grèim ann an 1933.

Stòr A

Chaidh seòrsa dòigh bhorb air màl-dubh fheuchainn nam aghaidh airson fiosrachadh fhaighinn mu mo chompanaich. Ach cha do dh'obraich an dòigh aca. Thug iad ionnsaigh orm agus chuir iad asam ceithir fiaclan. Dh'fheuch iad hypnosis, ach cha do dh'obraich sin na bu mhò. Mu dheireadh, shràc oifigear bhon Ghestapo mi le buillean cunbhalach leis a' chuipe a bha na làimh. Bha mi às mo rian leis a' phian, agus bha mi a' sgreadail àrd mo chlaiginn.

50. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais gun robh na Nadsaidhich a' cur an eagail air daoine. 5
- (’S dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air dè an seòrsa stòir a th’ ann, cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha **Stòr B** mu na rudan a bhiodh Òigridh Hitler a' dèanamh.

Stòr B

Bha balaich ag ionnsachadh sgilean armailteach mar làimhseachadh bhall-airm. Airson an dèanamh làidir, bha aca ri ruith agus coiseachd air slighean tar-dùthcha. A rèir aon bhall de Òigridh Hitler, nan tigeadh grèim-mionaich air balach is e a' ruith, bhiodh e air a pheanasachadh agus air a nàrachadh mar laigseanach. Bhiodh cuideachd deuchainn aig na balaich airson sealltainn dè cho fiosrach 's a bha iad air Nadsaidheachd. B' e biodag le “Fuil is Onair” sgrìobht' oirre an duais airson faighinn tron deuchainn. Bha a' mhòr-chuid de Òigridh Hitler air ballrachd a ghabhail oir bha iad an dùil gum biodh e inntinneach is spòrsail. Ach cha robh am mèarsadh gun chrìoch a' còrdadh riutha.

51. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air na nithean a bhiodh Òigridh Hitler a' dèanamh? (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.) 5

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Pàirt E — A' Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** ag innse mu shuidheachadh an luchd-obrach agus an luchd-tuatha san Ruis ro 1905.

Stòr A

Tsar Nicholas II, chan eil mi airson bàsachadh gun innse dhut fhèin agus do mhuinntir na Ruis na tha mi a' smaoineachadh de na tha sibh air a bhith a' dèanamh gu ruige seo. Tha borbachd nam poileas a' sìor dhol am meud. Tha na prìosain a' cur thairis leis na ceudan mhiltean de eucoraich. Tha mòran den luchd-obrach a-nis sa phrìosan còmhla ri prìosanaich phoilitigeach. Tha an dòigh sa bheilear a' dèiligeadh ris na milleanan de luchd-tuatha, ris a bheil cumhachd na Ruis an urra, a' ciallachadh gu bheil iad a' sìor fhàs bochd gach bliadhna. Tha gort na nì àbhaisteach a-nis air feadh na rìoghachd.

52. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air suidheachadh an luchd-obrach is an luchd-tuatha san Ruis ro 1905? (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.) 5
53. Thoir cunntas air na leasachaidhean a chaidh a dhèanamh san Ruis an dèidh Ar-a-mach 1905. 5
54. Mìnich na h-adhbharan airson gun deach aig na Boilseabhaich air cumhachd a ghlacadh ann am Petrograd san Dàmhair 1917. 5

Tha **Stòr B** à leabhar-latha Leon Trotsky a chaidh a sgrìobhadh ann an 1921.

Stòr B

Chruthaich sinn feachd anns an robh luchd-tuatha, luchd-obrach agus fògarraich a bha a' teicheadh bho na daoine geala. Bha sinn den bheachd gun gabhadh a' ghràisg bhog, bhreisleachail seo atharrachadh gu bhith nam feachd feumail. 'S e bha a dhìth ach comanndairean làidir agus beagan a bha eòlach air sabaid. Chumadh a' ghràisg a' sabaid fhad 's a bha brògan-mòra aca don fheadhainn a bha casrùisgte, taigh-nighe, biadh, fo-aodach, tombaca agus mu dhusan comannach a bha deònach rud sam bith a dhèanamh gus am brosnachadh.

55. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais airson nan adhbharan gun do bhuannaich na Boilseabhaich an Cogadh Catharra. 5
- (’S dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO